

## An Tràth Teachdail (Future tense)

### Notaichean-tidseir

Tha na tràthan gan dèanamh le *freumhan gnìomhairean*. Tha am freumh aig gnìomhair sam bith co-ionnan ris an riochd a chleachdas tu airson *òrdugh* a thoirt do dhuine, m.e. **sguir!** **ith** do bhiadh! **tog** sin! **fàg** do phiuthar!

Tha *trì riochdan* den tràth theachdail aig gnìomhairean riaghailteach.

Tha riochd 1 ga cleachdadh nuair nach eil sìon a' tighinn ron gnìomhair (mar dè, cha, nach etc) no mar fhreagairt an àite 'yes' sa Bheurla.

Tha seo ga dhèanamh le bhith a' cur **-idh** no **-aidh** aig deireadh freumh a' gnìomhair, e.g.:

**sguiridh** mi aig naoi

**ithidh** mi an iogairt

**togaidh** sinn taigh

Tha riochd 2 ga cleachdadh nuair a tha na leanas a' tighinn ron gnìomhair: cha; nach; an; mus; gus; far.

'S e an riochd seo **am freumh fhèin** (ged a tha cha a' sèimheachadh b, c, f, g, m, p)

an **gabh** thu cupa?

an **ith** thu sin uile?

cha **bhruidhinn** mi rithe

Tha riochd 3 ga cleachdadh nuair a tha na leanas a' tighinn ron gnìomhair: a; dè; cò, cuin; ged.

Tha seo ga dhèanamh le bhith a' **sèimheachadh** freumh a' gnìomhair, a' cur **dh'** ro gnìomhairean a' tòiseachadh le f agus a' cur **-as** no **-eas** aig deireadh freumh a' gnìomhair, e.g.:

cò **ghabhas** tì?

dè **dh'itheas** sinn a-nochd?

cò **thogas** an taigh?

**Tha na notaichean sgoileir an-diugh a' coimhead ri riochdan 1 agus 2 a-mhàin**

**Cha bhithear a' dèiligeadh aig an ìre seo ri gnìomhairean neo-riaghailteach**

### Briathrachas

Tràth: tense

Teachdail: future

Gnìomhair: verb

Riaghailteach: regular

Sèimheachadh: lenition (putting an 'h' after consonants like m, b, g etc)